

Coròna-bhìoras: A' bhith ullaichte – Slighe Ionnsachaidh

Ro-ràdh

Tha an t-slighe ionnsachaidh seo na pàirt de shreath a chaidh a chruthachadh gus taic a thoirt do ionnsachadh agus teagasg foghlam èiginn agus ath-leumachd. Tha an t-slighe ionnsachaidh àraid seo a' coimhead air mar a ghabhadh ullachadh airson briseadh a-mach de **Covid-19**.

Le bhith a' cleachdadh diofar ghòireasan, beachdaichidh luchd-ionnsachaidh air na ceumannan practaigeach airson dèiligeadh ri briseadh a-mach de Covid-19. Tha an t-slighe ionnsachaidh seo cuideachd a' solarachadh mholaidhean airson gnìomhan gus leasachadh ath-leumachd coimhearsnachd a bhrosnachadh ann an daoine òga.

Le bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus Coròna-bhìoras a thuigsinn, bithear a' toirt taic do libhrigeadh air prìomh roinnean a' churraicealaim leithid iadsan a tha nan 'dleastanasan do na h-uile', mar eisimpleir slàinte is sunnd, a thuilleadh orrasan a tha sònraichte do raointean cuspaireil mar chuspairean sòisealta. Tha cothroman ann cuideachd airson planadh agus measadh eadar-chuspaireil.

Tha eòlasan ionnsachaidh an lùib na slighe ionnsachaidh seo a' còmhdachadh:

- Coròna-bhìoras: A' bhith deiseil

Ro-eòlas

Tha cuid de na gnìomhan anns an t-slighe ionnsachaidh seo adhartach agus a' togail air eòlasan agus builean nas tràithe. Chan eil e riatanach, ge-tà, eòlas air deiseileachadh airson galar mòr-sgaoilte an cnatan mòr no air foghlam ath-leumachd airson an t-slighe ionnsachaidh seo a dhèanamh. Tha i air a dealbhadh cuideachd gu bhith modalach gus am faod luchd-cleachdaidhnroghainn is taghadh a dhèanamh air na gnìomhan as iomchaidhe do am feumalachdan.

Tha molaidhean ann airson gnìomhan a dh'àraicheas leasachadh air fulangas coimhearsnachd ann an daoine òga.

Eòlasan agus builean

HWB

- Tha mi ag ionnsachadh cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh, mi fhìn agus daoine eile a dhion, agus cron a lùghdachadh far an gabh e dèanamh. **HWB 0-16a – HWB 4-16a**
- Tha fios agam air, agus is urrainn dhomh sealltainn, mar a chumas mi mi fhìn agus daoine eile sàbhailte agus mar a dhèiligeas mi ri raon de shuidheachaidhean èiginneach. **HWB 0-17a – HWB 4-17a**

Litearrachd

- Fhad 's a tha mi ag èisteachd/coimhead, tha mi ag ionnsachadh notaichean a sgrìobhadh fo chinn, an cleachdadh airson na tha mi ag èisteachd no a' coimhead a thuigsinn, agus teacsaichean ùra a chruthachadh. **LIT 1-05a (agus LIT 2-05a – 4-05a)**

Cuspairean Sòisealta

- An dèidh smaoinichadh air mar a chaidh dèiligeadh ri suidheachadh èiginn eadar-nàiseanta, a thachair bho chionn ghoirid, 's urrainn dhomh cur ri còmhradh mu cho èifeachdach 's a bha seo. **SOC 3-19b**

Saidheansan

- Rannsaich mi mar a tha a' bhodhaig ga dìon fhèin an aghaidh galar, agus 's urrainn dhomh innse mu mar a dh'fhaodas banachdach dìon a chur air a' bhodhaig. **SCN 3-13c**
- Tha eòlas agam mu chomharran cuid de na galaran cumanta a thachras air sgàth bhitheagan. 'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha iad air an sgaoileadh agus bruidhinn mu mar a tha cuid de dhòighean, airson bacadh agus dèiligeadh ri galaran, nam buannachd don chomann shòisealta. **SCN 1-13a**
- Rannsaich mi àite teicneòlais ann an sgrùdadh air slàinte, agus ann a bhith a' toirt piseach air gnè beatha. **SCN 3-12b**

Eòlas ionnsachaidh:

Coròna-bhìoras: A' bhith deiseil

Ro-ràdh

Gheibh luchd-ionnsachaidh tuigse air cleachdaidhean iomchaidh a thaobh slàinteachas pearsanta nuair a thathar a' dèiligeadh ri briseadh a-mach a' chnatain mhòir agus aithnichidh iad dòighean anns am faodar seo a thoirt a-mach taobh a-staigh na coimhearsnachd aca. Tron dòigh-obrach seo thathar ag amas gus cunnart galar-ghabhail agus tar-chur a' bhìorais isleachadh.

Brosnachadh

- Tha gnìomhan air an leasachadh a dh'aon ghnòthach gus taic a thoirt don eòlas ionnsachaidh seo rim faighinn air làrach-lìn [Stòrlann](#).

Amasan ionnsachaidh:

- Cleachdaidhean iomchaidh a thaobh slàinteachas pearsanta a chomharrachadh agus a chur an gnìomh nuair a thathar a' deiseileachadh airson briseadh a-mach de Coròna-bhìoras.
- Na cleachdaidhean seo a chonaltradh don choimhearsnachd gus cunnart galar-ghabhail isleachadh.

Gnìomhan

Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh nan goireasan san liosta gus:

- na prìomh ro-chùraman a dh'fhaodadh daoine a ghabhail a chomharrachadh
- beachdachadh air an taic a dh'fhaodadh a bhith a dhith a bharrachd air taic mheidigeach - a' smaoinichadh air taic fhaireachail, comhairle mu ath-shlànachadh
- bruidhinn air na diofar dhòighean airson fios a thoirt don choimhearsnachd air mar a nì iad na ro-chùraman sìmplidh seo. Faodaidh iad measadh a dhèanamh air dè na dòighean-obrach a tha iad den bheachd as èifeachdaiche.

Goireasan Cuideachail

Tha dùbhlann an luchd-ionnsachaidh 'A' Cruthachadh goireas fiosrachadh a' phobaill' ri fhaighinn airson luchdadh a-nuas bho làrach-lìn [Foghlam Alba](#).

[Tapachd na Coimhearsnachd](#)

Slatan-tomhais Soirbheachais

'S urrainn do luchd-ionnsachaidh:

- cleachdaidhean iomchaidh a thaobh slàinteachas pearsanta a chomharrachadh
- na cleachdaidhean seo a mhìneachadh do dhaoine eile
- dòighean conaltraidh diofraichte anns a' choimhearsnachd aca a mhìneachadh agus measadh a dhèanamh air dè cho èifeachdail 's a tha iad
- an dòigh conaltraidh a thaghadh iad fhèin a chomharrachadh.

Fianais a ghabhas cleachdadh

'S urrainn do luchd-ionnsachaidh:

- liosta-sgrùdaidh de ro-chùraman a dh'fhaodar a ghabhail a chruthachadh
- na beachdan aca a thaisbeanadh air an dòigh as fheàrr fios a thoirt do choimhearsnachdan
- iomairt conaltraidh a chruthachadh a bhios iomchaidh airson buidheann sònraichte taobh a-staigh na coimhearsnachd aca.

Meòrachadh air ionnsachadh

- Dè na cnapan-starra a th' ann a thaobh reataichean galar-ghabhail isleachadh taobh a-staigh coimhearsnachd?
- Dè na dòighean conaltraidh as fheàrr airson buidhnean diofraichte taobh a-staigh na coimhearsnachd? Faodaidh luchd-ionnsachaidh beachdachadh air nithean mar aois, cothrom air teicneòlas, cnapan-starra cànan msa.
- Dè na cùisean eaconamach agus sòisealta a tha ag èirigh bho ghalar mòr-gaoilte Covid-19?

Ga thoirt nas fhaide

Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le oifigich slàinte, faodaidh luchd-ionnsachaidh goireas fiosrachaidh a chruthachadh airson na coimhearsnachd aca a dheiseileachadh airson briseadh a-mach de Coròna-bhìoras. Faodar analais a dhèanamh air dè cho èifeachdach 's a tha e agus faodar leasachaidhean a mholadh. Dh'fhaodadh sgoiltean cur romhpa gun stèidhich iad Comataidh Ath-leumachd na Coimhearsnachd ann an com-pàirteachas le buidhnean "Ath-leumachd Coimhearsnachd" no buidhnean Comhairle Coimhearsnachd.